

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Beathaichean, a chaidh à bith, air mapaichean na h-Alba (4)

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 706. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 402 corresponds to Litir 706.

An-uiridh, dh’fhoillsich luchd-rannsachaidh eun pàipear air an fhianais ann an ainmean-àite air eachdraidh is sgaoileadh iolairean ann am Breatainn agus Èirinn. Tha trì seòrsaichean iolaire ann – an iolaire-bhuidhe, an iolaire-mhara agus an iolair-uisge. Tha an iolaire-bhuidhe air a bhith ann bho shean. Chaidh an iolaire-mhara agus an iolair-uisge à bith ann an Alba. Thàinig an iolair-uisge air ais le a toil fhèin. Ach ’s e mac-an-duine a thug an iolaire-mhara air ais.

Choimhead an luchd-rannsachaidh air ainmean mar *iolaire* is *fìor-eun* ann an Gàidhlig, *eryr* ann an Cuimris, *er* ann an Còrnais, *erne* ann am Beurla is Albais, *ørn* ann an Lochlannais agus *eagle* ann am Beurla. Ach feumar a bhith faiceallach. Tha a leithid *Eaglesfield* a’ tighinn bho *eglwys* no *eccles*, faclan ann an Cuimris agus san t-Seann Bheurla airson ‘eaglais’. Agus chan eil *Gleneagles* co-cheangailte idir ri iolairean – tha e a’ tighinn bhon Ghàidhlig *Gleann Eagas*.

Bha an luchd-rannsachaidh a’ coimhead a-mhàin air an iolaire-mhara is iolaire-bhuidhe. Ach, mas e dìreach *eagle* no *erne* no *iolaire* a th’ anns an ainm, ciamar a bhios fios againn dè an seòrsa a bhathar a’ ciallachadh? Sin far an robh na h-eag-eòlaichean a’ cuideachadh. Bidh iolairean-mara a’ neadachadh nas fhaisge air a’ chladach air talamh nas ìsle nan tèile.

Rinn iad co-dhùnadh mar seo: Nam biodh an t-ainm aig àirde os cionn na mara na b’ ìsle na dà cheud meatair, taobh a-staigh deich cilemeatair bho uisge, ’s e an iolaire-mhara a bha e ag ainmeachadh. Nam biodh an t-àite còrr is ceud gu leth meatair os cionn na mara, le talamh àrd faisg air làimh, ’s e iolaire-bhuidhe a bhiodh ann – **coma gun robh uisge faisg no nach robh**. Eadar ceud gu leth is dà cheud meatair, cha robh e soilleir dè an seòrsa a bh’ ann.

Lorgadh còrr is seachd ceud ainm. B’ e a’ Ghàidhlig an cànan a bu mhotha san robh iad – aig dà cheud, seachdad ’s a sia (276). Ann an Gàidhlig bha an iolaire-bhuidhe na bu phailte sna h-ainmean, le còrr is an dà thrian dhiubh. Ach nuair a bha a h-uile cànan air a thoirt a-steach, bha an iolaire-mhara beagan na bu phailte na ’n iolaire-bhuidhe.

Leis an fhiosrachadh gu lèir mu na h-eòin, **rinn an luchd-rannsachaidh tomhas air** an àireimh de gach seòrsa ann am Breatainn is Èirinn anns a’ bhliadhna còig ceud AC – eadar mìle is mìle gu leth paidhir dhen iolaire-bhuidhe agus eadar ochd ceud is mìle ’s ceithir cheud dhen iolaire-mhara. Bha iad mòran na bu phailte an uair sin na tha iad a-nise.

Gheall mi an t-seachdain sa chaidh gun cuirinn iongnadh oirbh le ainm-àite anns a bheil beathach, a chaidh à bith, air ainmeachadh. Agus seo e. Ann an ceann a deas Eilean Bhòid, tha àite ann air a bheil *Beaver Wood*. Seadh, *Beaver*. 'S e an t-aon àite as aithne dhòmhsa ann an Alba far a bheil am bìobhair air ainmeachadh air a' mhapa.

An robh bìobhairean uaireigin beò ann? Bha! Ach ... bha iad air an toirt a-steach le Marquis Bhòid anns na seachdadan dhen naoidheamh linn deug. Bha iad soirbheachail airson co-dhiù co-dhiù deich bliadhna agus an uair sin chaidh iad à bith. Chan eil e soilleir idir dè thachair dhaibh. Ach tha an gnothach air a chuimhneachadh air mapa Eilean Bhòid chun an latha an-diugh.

* * * * *

Faclan na Litreach: an-uiridh: *last year*; iolaire-bhuidhe: *golden eagle*; iolaire-mhara: [*white-tailed*] *sea eagle*; iolair-uisge: *osprey*; Eilean Bhòid: *Isle of Bute*.

Abairtean na Litreach: dh'fhoillsich luchd-rannsachaidh eun pàipear : *ornithological researchers published a paper*; fianais ann an ainmean-àite air eachdraidh is sgaoileadh iolairean: *evidence in place names on the history and spread of eagles*; air ais le a toil fhèin: *back under its own devices*; feumar a bhith faiceallach: *one must be careful*; a' coimhead a-mhàin: *only looking at*; dè an seòrsa a bhathar a' ciallachadh?: *what type was meant?*; sin far an robh na h-eag-eòlaichean a' cuideachadh: *that's where the ecologists helped*; a' neadachadh nas fhaisge air a' chladach: *nesting closer to the shore*; air talamh nas ìsle nan tèile: *on lower ground than the other one*; na b' ìsle na dà cheud meatair: *lower than 200 metres*; le talamh àrd faisg air làimh: *with high ground close by*; lorgadh seachd ceud ainm: *700 names were found*; còrr is an dà thrian dhiubh: *more than two-thirds of them*; eadar mìle is mìle gu leth paidhir dhen iolaire-bhuidhe: *between 1,000 and 1,500 pairs of golden eagles*; mòran na bu phailte an uair sin: *much more numerous then*; gheall mi gun cuirinn iongnadh oirbh: *I promised that I would surprise you*; an t-aon àite as aithne dhòmhsa far a bheil am bìobhair air ainmeachadh: *the one place I know where the beaver is named*; air an toirt a-steach le Marquis Bhòid: *introduced by the Marquis of Bute*; soirbheachail airson co-dhiù co-dhiù deich bliadhna: *successful for a decade at the very least*; chan eil e soilleir idir dè thachair dhaibh: *it's not at all clear what happened to them*.

Puing-chànain na Litreach: coma gun robh uisge faisg no nach robh: *regardless of whether water was close by or not*. Coma is a great word – it can mean 'unconcerned, indifferent, uncaring' and is used in a variety of idiomatic constructions. Tha mi coma – *I couldn't care less*. Tha e coma dè thachras – *he doesn't care what happens*. Tha i coma dheth – *she doesn't like it*. Coma leat – *don't worry about it, never mind*. Is coma leinn – *it makes no odds to us*. In the example in the Litir the assertive verb 'is' is understood but not expressed. Being strictly grammatical, I might have said bu choma gun robh uisge faisg no nach robh but I was being idiomatic (and slightly lazy!)

Gnàthas -cainnt na Litreach: rinn an luchd-rannsachaidh tomhas air an àireimh de gach seòrsa ann am Breatainn is Èirinn: *the researchers estimated the number of each type in Britain and Ireland*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le MG ALBA